

### *Tha Màiri NicDhòmhnaill ag innse mar a tha barrachd òigridh a' gabhail bliadhna a-mach à foghlam.*

Annas na bliadhnachan mu dheireadh, tha e air fàs fasanta do dheugairean anns an Rìoghachd Aonaichte, a tha an dùil a dhol dhan oilthigh, bliadhna a ghabhail a-mach mus tòisich iad ann am foghlam àrd-ìre. Thòisich an cleachdadh seo anns na Stàitean Aonaichte agus, mar a thachair le iomadh cleachdadh eile, tha cultar na dùthcha sin air buaidh a thoirt oirnn air an taobh seo den Chuan Shiar. Bidh cuid de dheugairean a' roghnachadh a bhith a' siubhal ann an tìrean cèine agus bidh feadhainn eile ag obair gu saor-thoileach gus feum a dhèanamh do dhaoine eile.

Tha mòran oilthighean agus luchd-fastaidh a-nise mothachail gum faod bliadhna a-mach a bhith air leth buannachdail. Tuigidh iad gum bi a' mhòr-chuid de sgoilearan air còig bliadhna deug a chur seachad ann am foghlam làn-ùine eadar sgoil-àraich, bun-sgoil agus àrd-sgoil. Tha iad den bheachd gun dèan e feum dhaibh bliadhna a ghabhail a-mach à foghlam mus tòisich iad air na ceithir bliadhna a bhios romhpa san oilthigh. Le bhith a' falbh bhon fhoghlam, cuiridh iad luach a bharrachd air nuair a thilleas iad. Cuiridh na dh'ionnsaich iad sa bhliadhna a-mach ris na dh'ionnsaicheas iad san oilthigh.

Bidh mòran òigridh a' cur seachad ùine a' siubhal ann an diofar dhùthchannan tron bhliadhna a ghabhas iad a-mach à foghlam. Tha luchd-fastaidh ag aithneachadh gun leasaich òigridh na sgilean-beatha aca ann an suidheachaidhean ùra far am bi aca ri co-dhùnaidhean a dhèanamh dhaibh fhèin. Bidh seo na bhuanachd dhaibh nuair a chuireas iad a-steach airson dreuchdan às dèidh dhaibh an t-oilthigh fhàgail.

Tha iomadh cothrom a-nise ann do dh'òigridh a tha airson feum a dhèanamh do dhaoine nach eil cho fortanach riutha fhèin. Bidh diofar bhuidhnean-foghlaim a' cur oileanaich fhreagarrach gu sgoiltean ann an dùthchannan bochda far an teagaisg iad airson bliadhna. Tha seo a' dèanamh feum do chloinn anns na sgoiltean sin agus dha na h-oileanaich a dh'ionnsaicheas sgilean ùra.

Tha mar a tha barrachd òigridh a' gabhail bliadhna a-mach air connspaid adhbhrachadh ge-tà. Tha cuid a' cumail a-mach gun tig barrachd cron na feum às. Tha cosgais mhòr an lùib siubhail agus bidh feum aig oileanaich air gach sgillinn nuair a thèid iad dhan oilthigh. Canaidh iad gu bheil rannsachadh cuideachd a' sealltainn gu bheil e doirbh do chuid de dh'òigridh tilleadh gu foghlam àrd-ìre às dèidh bliadhna de shaorsa a bhith aca. Bidh pàrantan uaireannan draghail mu na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann an dùthchannan eile agus nach bi tuigse no eòlas aig an cuid chloinne air a' chultar no air a' chànan.

Annas a' cho-dhùnadh, nì bliadhna a-mach feum do chuid ach cha bhi i freagarrach do dh'fheadhainn eile. Tha e an urra ri gach sgoilear a tha an dùil a dhol dhan oilthigh taghadh a dhèanamh a thaobh bliadhna a-mach. Ach tha e cudromach cuimhneachadh nach fhaigh òigridh cothrom nas fheàrr a leithid a dhèanamh a-rithist mura gabh iad an cothrom eadar an sgoil agus an t-oilthigh. Bidh fiachan mòra air a' mhòr-chuid de dh'oileanaich às dèidh dhaibh crìoch a chur air foghlam àrd-ìre agus bidh aca ri obair fhaighinn cho luath 's a ghabhas gus tòiseachadh air na fiachan seo a phàigheadh air ais.